

Notaichean Taic Duais Eòlas na h-Alba aig SCQF ìre 2



Faodaidh an sgrìobhainn seo a mhac-samhlachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan oideachail cho fada agus nach eilear a' dèanamh prothaid air bith bhon mhac-samhlachadh agus gun toirear aithneachadh don tùs, ma thèid a mhac-samhlachadh ann am pàirt. Faodar lethbhric a bharrachd de na *Notaichean Taic Duaise* seo ìos-lodadh bho làrach-lìn SQA : www.sqa.org.uk.

Thoiribh sùil air an nota mu na h-atharrachaidhean aig deireadh an sgrìobhainn seo airson mion-fhiosrachadh mu atharrachaidhean bhon dreach roimhe seo (far a bheil sin iomchaidh).

Clàr-innse

Notaichean Taic Duaise

Ro-ràdh	1
Stiùireadh coitcheann mun Duais	2
Modhan ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	3
Co-ionannachd agus in-ghabhail	8
Fiosrachadh rianachdail	9

Notaichean Taic Aonaid — Ag Ionnsachadh Mu Alba (SCQF ìre 2)

Ro-ràdh	11
Stiùireadh coitcheann mun Aonad	12
Modhan ionnsachaidh is teagaisg	14
Modhan measaidh agus tional fianais	17
Fiosrachadh rianachdail	20

Ro-ràdh

Chan eil na *Notaichean Taic Duaise* seo do-sheachanta. Tha iad a' solarachadh comhairle is stiùireadh a thaobh modhan liubhairt is measaidh air *Duais Eòlais na h-Alba (SCQF ìre 2)*. Tha iad san amharc do thidsearan is òraidichean. Bu chòir an leughadh ann an co-bhann ri:

- ◆ Sònrachadh na Duaise.
- ◆ na Sònrachaidhean Aonaid do na h-Aonadan do-sheachanta, na h-Aonadan roghnach buntainneach agus na Notaichean Taic do na h-Aonadan sin.
- ◆ stuthan taic measaidh do na h-Aonadan.

Stiùireadh coitcheann mun Duais

Amasan

Is e amas iomlan na Duaise seo, aithneachadh a thoirt do luchd-ionnsachaidh a tha air an cuid eòlais air Alba a leasachadh thar dà raon den churraicealam no barrachd. Tha cothrom aig luchd-ionnsachaidh an cuid comais a leasachadh le taic, a thaobh ullachadh is crìoch a chur air gnìomhachd agus conaltradh mu na tha iad air ionnsachadh.

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu amasan mionaideach na Duaise seo ri fhaotainn ann an *Sònrachadh Duaise*.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Tha frèam leathan agus shùbailte aig an Duais seo, le raon de dh'Aonadan bhom faodar taghadh a dhèanamh a thuilleadh air an Aonad do-sheachanta. Mar sin, bidh na sgilean, eòlas agus tuigse shònraichte air an leasachadh leis gach neach-ionnsachaidh an crochadh air a' chothlamadh de dh'Aonadan roghnach a chleachdar gus cur ris an Duais. Tha mion-fhiosrachadh mu gach Aonad ri fhaotainn anns na *Notaichean Taic Aonaid* buntainneach.

Gus an Duais a chosnadh, feumaidh luchd-ionnsachaidh uile crìoch a chur air *Eòlas na h-Alba: Aonad Ionnsachadh mu Alba (SCQF ìre 2)*. San Aonad seo, leasaichidh iad eòlas is tuigse air aon taobh de dh'Eòlas na h-Alba sa bheil ùidh aca. Ionnsaichidh iad cuideachd le taic, air:

- ◆ taobh de dh'Alba a thaghadh mu an ionnsaich iad agus gnìomhachd a chuidicheas iad gus seo a dhèanamh
- ◆ na prìomh cheumannan a leanas iad a chomharrachadh
- ◆ na tha iad air ionnsachadh a chomharrachadh agus a chonaltradh

Modhan ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh

A' Planadh Liubhairt

Dh'fhaodadh *Duais Eòlais na h-Alba (SCQF ìre 2)* a bhith air a liubhairt ann an diofar dhòighean. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh i a bhith air a liubhairt thar ùine dhlùth shònraichte, no air bunait làn-ùine no pàirt-ùine. Air an làimh eile, dh'fhaodadh i a bhith air a liubhairt leatha fhèin no ann an co-bhann ri teisteanasan eile thar aon bhliadhna acadaimigeach no barrachd. Bidh an ùine iomchaidh airson gach aonaid an eisimeil na h-ùine agus nan goireasan a tha rim faotainn, feumalachdan an luchd-ionnsachaidh aca agus an co-theacs liubhairt.

Tha an Duais tar-churraicealach: feumaidh luchd-ionnsachaidh Aonadan a chrìochnachadh bho **dà** dhiofar raon cuspaireil, tarsainn **dà** bhuidheann, a thuilleadh air Aonad *Eòlas na h-Alba: Ag Ionnsachadh mu Alba (SCQF ìre 2)*, a tha àithnteil. Tha raon de dh'Aonadan is chuspairean aig Ionadan is luchd-ionnsachaidh bhom faod iad taghadh a dhèanamh.

Tha gach aon de na h-Aonadan roghnach san Duais a' cur ris na Cùrsaichean Nàiseanta eile aig SCQF ìre 2. Ma tha ionad a' liubhairt *Duais Eòlais na h-Alba (SCQF ìre 2)* taobh ri taobh le Cùrsa Nàiseanta buntainneach eile, bidh modh cothlamaichte a thaobh liubhairt agus measaidh comasach. Mar eisimpleir, ma tha neach-ionnsachaidh a' dèanamh sgrùdadh air a' *Chùrsa Beurla is Conaltradh* aig SCQF ìre 2, faodaidh iad an Aonad àithnteil eile, *Beurla: Tuigsinn Cànan le Co-theacs Albannach (SCQF ìre 2)* a chrìochnachadh agus an t-Aonad seo a chleachdadh airson cur ri *Duais Eòlais na h-Alba (SCQF ìre 2)*.

Mar thoradh air an sin, dh'fhaodadh gum biodh e na chuideachadh do dh'ionadan modh-obrach **co-òrdanaichte** a phlanadh a thaobh liubhairt tarsainn raointean cuspaireil is roinnean buntainneach, dàmhnan no raointean curraicealach mus buillichear an Duais. Faodaidh modh-obrach co-òrdanaichte cuideachadh cuideachd le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil e comasach do dh'ionadan an fheum as àirde a dhèanamh de chothroman air measadh airson na Duaise a chothlamadh le measadh airson Teisteanasan Nàiseanta eile, nuair a tha sin iomchaidh.

Suidheachaidhean Albannach

Mar a chaidh iomradh cheana, feumaidh luchd-ionnsachaidh uile an Aonad àithnteil *Eòlas na h-Alba: Ag Ionnsachadh mu Alba (SCQF ìre 2)* a chrìochnachadh. A thuilleadh air an sin, tha àireamh de dh'Aonadan roghnach rim faotainn bhom faod luchd-ionnsachaidh taghadh. Feumaidh na h-Aonadan roghnach sin a bhith air an liubhairt agus air am measadh ann an co-theacs Albannach. Tha saorsa aig ionadan co-theacs iomchaidh sam bith a thaghadh a tha buntainneach do na h-Aonadan a chaidh a thaghadh cheana, agus tha stiùireadh goirid air liubhairt gach Aonaid ann an co-theacs Albannach ri fhaotainn gu h-ìosal:

Buidheann 1: Cànan is Conaltradh			
Cuspair	Aonad	Iuach creideis SCQF	Stiùireadh
Beurla	Tuigsinn Cànan le Co-theacs Albannach (Nàiseanta 2).	6	Tuigsinn agus freagairt do theacsan Albannach stèidhichte air facail shimplidh agus/no teacs ann an Albais.
	Ag Èisteachd 's A' Labhairt le Co-theacs Albannach (Nàiseanta 2).	6	Èisteachd agus freagairt do smaointean sìmplidh labhairte, beachdan no fiosrachadh mu chuspair Albannach agus/no ann an Albais. Agus/no Conaltradh smaointean, bheachdan no fiosrachadh sìmplidh, mu chuspair Albannach agus/no ann an Albais.
	Cruthachadh Theacsan le Co-theacs Albannach (Nàiseanta 2).	6	Cruthachadh theacsan stèidhichte air facail shimplidh le cuspair Albannach agus/no ann an Albais gus smaointean, beachdan no fiosrachadh a chonaltradh.
Gàidhlig	Gàidhlig: Tuigsinn Cànan (Nàiseanta 2).	6	Is e Cànan Albannach a th' ann an Gàidhlig, mar sin tha an co-theacs Albannach neadaichte cheana san Aonad.
	Gàidhlig: Èisteachd is Labhairt (Nàiseanta 2).	6	Is e Cànan Albannach a th' ann an Gàidhlig, mar sin tha an co-theacs Albannach neadaichte cheana san Aonad.
	Gàidhlig: Cruthachadh Theacsaichean (Nàiseanta 2).	6	Is e Cànan Albannach a th' ann an Gàidhlig, mar sin tha an co-theacs Albannach neadaichte cheana san Aonad.
Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh):	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Cànan Pearsanta.	6	Is e Cànan Albannach a th' ann an Gàidhlig, mar sin tha an co-theacs Albannach neadaichte cheana san Aonad.
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Cànan aig an Obair.	6	Is e Cànan Albannach a th' ann an Gàidhlig, mar sin tha an co-theacs Albannach neadaichte

			cheana san Aonad.
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Cànan Tar- ghnìomhach.	6	Is e Cànan Albannach a th' ann an Gàidhlig, mar sin tha an co-theacs Albannach nedaichte cheana san Aonad.
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Beatha ann an Coimhearsnachd Ghàidhlig.	6	Is e Cànan Albannach a th' ann an Gàidhlig, mar sin tha an co-theacs Albannach nedaichte cheana san Aonad.
Buidheann 2: Comann-sòisealta is Àrainneachd			
Raon Cuspaireil: Gnothachas			
	Gabhail pàirt ann an Iomairt Gnothachais le Co-theacs Albannach (Nàiseanta 2).	6	Gabhail pàirt ann an iomairt gnothachais cuimsichte air Alba.
Raon Cuspaireil: Cuspairean Sòisealta			
	Cuspairean Sòisealta: Tighinn gu Co-dhùnadh le Co-theacs Albannach (Nàiseanta 2).	6	Cruinneachadh fiosrachaidh agus tighinn gu co-dhùnadh mu cho-theacs taghte Albannach.
	Cuspairean Sòisealta: Dèanamh Iomsgaradh le Co-theacs Albannach (Nàiseanta 2).	6	Cruinneachadh fiosrachaidh agus dèanamh iomsgaradh mu cho-theacs taghte Albannach.
	Cuspairean Sòisealta: Eagrachadh is Conaltradh Fiosrachaidh le Co-theacs Albannach (Nàiseanta 2).	6	Eagrachadh is conaltradh fiosrachaidh le co-theacs taghte Albannach.
Buidheann 3: Ealain is Cultar			
Raon Cuspaireil: Ealain Chruthachail			
	Leasachadh Sgilean ann an Ealain Chruthachail le Co-theacs Albannach (Nàiseanta 2).	6	Com-pàirteachadh ann an gnìomhachd chruthachail mar fhreagairt do bhrosnachaidhean sa bheil tèama Albannach.
	Ag obair le Ìomhaighean, Grafaichean is Fuaim le Co-theacs Albannach (Nàiseanta 2).	6	Cleachdadh ìomhaighean, grafaichean is fuaim gus obair chruthachail sa bheil tèama Albannach a thoirt gu buil.
	Ag obair le Aodach Fichte le Co-theacs Albannach (Nàiseanta 2).	6	Pìos cruthachail de dh'aodach fichte a thoirt gu buil, stèidhichte air cuspair Albannach.
	Cruthachadh Stuthan airson Taisbeanadh le Co-theacs Albannach	6	Obair chruthachail thùsail a thoradh agus a thaisbeanadh, stèidhichte

	(Nàiseanta 2).		air cuspair Albannach.
Raon Cuspaireil: Ealain Ghnìomhach			
	Cur ri Tachartas Ghnìomhach le Co-theacs Albannach (Nàiseanta 2)	6	Co-obrachadh le càch airson, agus cur ri tachartas gnìomhach le cuspair Albannach.
Raon Cuspaireil: A' Phìob Ghàidhealach			
	Gnìomhachadh Aon-neach leis a' Phìob Ghàidhealaich: Seannsair Cleachdaidh (Ruigheachd 2)	6	Tha an co-theacs Albannach neadaichte cheana san Aonad.
	Teòiridh na Pioba Gàidhealaich: Seannsair Cleachdaidh (Ruigheachd 2)	6	Tha an co-theacs Albannach neadaichte cheana san Aonad.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh ann an *Sònrachaidhean Aonaid* agus *Notaichean Taic Aonaid* bhuntainneach.

Ionnsachadh, teagasg agus measadh

Bhon a tha raon fharsaing de dh'Aonadan ann a dh'fhaodas cur ris an Duais seo, bidh modhan ionnsachaidh, teagaisg is measaidh diofraichte bho ionad gu ionad agus do luchd-ionnsachaidh fa leth. Bu chòir do thidsearan is òraidichean coimhead ris na *Sònrachaidhean Aonaid* agus ris an *Notaichean Taic Aonaid* buntainneach.

Breithneachadh fianais

Feumaidh fianais neach-ionnsachaidh airson Aonadan sònraichte a bhith air a bhreithneachadh an aghaidh *Cunntas Inbhean (Builean, Slatan-tomhais Measaidh agus Riatanasan Fianais)* anns an *Sònrachadh Aonaid* a tha buntainneach. Bu chòir do thidsearan is òraidichean coimhead gu dlùth ris na pasganan buntainneach de *Taic Measaidh Aonaid*.

Feumaidh measadh Aonadan uile a bhith air fhìreanachadh bhon taobh a-staigh, a' cleachdadh in-phròiseasan fireanachaidh gach ionaid agus bidh sin umhail do fhìreanachadh bhon taobh a-muigh le SQA.

Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean don bheatha agus sgilean don obair

Thathar a' sùileachadh gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing coitcheann airson ionnsachadh, sgilean don bheatha agus sgilean don obair fhad 's a tha iad a' coileanadh na Duaise. Gheibhear mion-fhiosrachadh mu na sgilean sin anns am *Frèam Sgilean: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean don Bheatha agus Sgilean don Obair* aig SQA. Bidh an raon shònraichte de na sgilean sin air an leasachadh le luchd-ionnsachaidh an urra ris a' chothlamadh de dh'Aonadan roghnachail a choileanas iad mar phàirt den Duais. Ach, cuiridh luchd-ionnsachaidh uile crìoch air Aonad *Eòlas na h-Alba: Ag Ionnsachadh mu Alba (SCQF ìre 2)* a tha a' solarachadh chothroman dhaibh air na sgilean san liosta gu h-ìosal a leasachadh. Faodaidh na sgilean sin a bhith air an togail a-steach don Duais mar a bhios iomchaidh.

Prìomh sgil	Fo-sheata sgilean buntainneach
<p>3. Slàinte is sunnd Is e seo an comas air cùram a ghabhail dhìot fhèin agus càch, agus a bhith cunntachail airson do chuid ionnsachaidh is sochair. Tha e a' gabhail a-steach a bhith a' stiùireadh d' fhaireachdainnean, a' leasachadh seasamh a thaobh do bheatha a tha deimhinneach is gnìomhach agus a' togail dhàimhean le càch.</p>	<p>3.1 Ionnsachadh pearsanta Tha seo a' ciallachadh a bhith an sàs gu gnìomhach ann an ionnsachadh agus mar a ghabhas e a phlanadh, fhaotainn, a bhuileachadh agus a chumail suas. Tha e a' gabhail a-steach cuideachd leantainn air feòrachas, smaoineachadh adhartach, meòrachadh agus ionnsachadh bho eòlas.</p>
<p>4. So-fhastachd, lomairt agus Saoranachd Is e seo an comas air sgilean, tuigse agus feartan pearsanta a leasachadh, a' gabhail a-steach seasamh deimhinneach a thaobh obair, a thaobh chàich agus a thaobh goireasan an t-saoghail.</p>	<p>4.6 Saoranachd Tha saoranachd a' gabhail a-steach: a bhith draghail mun àrainneachd agus mu chàch; a bhith mothachail do chòraichean is dhleastanasan; a bhith mothachail don chomann-shòisealta dheamocratach; a bhith deimhinneach mun chomann-shòisealta; a bhith comasach air àite pearsanta aithneachadh sa cho-theacs seo; agus a bhith mothachail do chùisean cruinneil, a' tuigsinn fèin-dhleastanas an taobh a-staigh nan nithean sin agus a bhith cunntachail ann am fèin-ghiùlain.</p>
<p>5. Sgilean smaoineachaidh Is e seo comas air na sgilean inntinneil de chuimhneachadh, comharrachadh, tuigsinn, gnìomhachadh, mion-sgrùdadh, luachadh agus cruthachadh, a leasachadh.</p>	<p>5.2 Tuigsinn Is e seo an comas air ciall pìosan fiosrachaidh a thaisbeanadh, òrdugh thachartasan a mhìneachadh ann an sreath agus eadar-mhìneachadh ann an suidheachadh no co-theacs diofraichte.</p>

Co-ionannachd agus in-ghabhail

Tha e aithnichte gu bheil an dleastanasan fhèin aig ionadan fo reachdas co-ionannachd agus iomairtean poileasaidh. Tha an stiùireadh a gheibhear anns na *Notaichean Taic Dhuaisean* air a dheilbh airson suidhe taobh ri taobh nan dleastanasan sin ach sònraichte do liubhairt is measadh an Aonaid.

Bu chòir do mhodhan measaidh cunntas a ghabhail air feumalachdan sònraichte an luchd-ionnsachaidh. Ach, feumaidh ionadan a dhèanamh cinnteach gu bheil èifeachd a' mheasaidh air a ghleidheadh agus gu bheil an comas aig modhan measaidh uile fianais coileanaidh a ghineadh, a' còmhdach Bhuilean Is Inbhean Measaidh uile mu choinneamh gach aon de na h-Aonadan a tha a' cur ris.

Fiosrachadh rianachdail

Foillsichte: An t-Ògmhios 2014 (dreach 1.0)

Eachdraidh atharrachaidhean ann an Notaichean Taic Duaise

Mion-fhiosrachadh Duaise	Dreach	Iomradh air atharrachadh	Ùghdaraichte le	Ceann-latha

Faodaidh an sgrìobhainn seo a mhac-samhlachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan oideachail cho fada agus nach eilear a' dèanamh prothaid air bith bhon mhac-samhlachadh agus gun toirear aithneachadh don tùs, ma thèid a mhac-samhlachadh ann am pàirt. Faodar lethbhric a bharrachd de na *Notaichean Taic Duaise* seo ìos-lodadh bho làrach-lìn SQA: www.sqa.org.uk.

Aire: Thathar a' comhairleachadh dhuibh làrach-lìn SQA a sgrùdadh (www.sqa.org.uk) gus a dhèanamh cinnteach gu bheil sibh a' cleachdadh an dreach as ùire.

Notaichean Taic Aonaid — Ag Ionnsachadh Mu Alba (SCQF ìre 2)



Faodaidh an sgrìobhainn seo a mhac-samhlachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan oideachail cho fada agus nach eilear a' dèanamh prothaid air bith bhon mhac-samhlachadh agus gun toirear aithneachadh don tùs, ma thèid a mhac-samhlachadh ann am pàirt. Faodar lethbhrìc a bharrachd ios-lodadh bho làrach-lìn SQA: www.sqa.org.uk.

Thoiribh sùil air an nota mu na h-atharrachaidhean aig deireadh an sgrìobhainn seo airson mion-fhiosrachadh mu atharrachaidhean bhon dreach roimhe seo (far a bheil sin iomchaidh).

Ro-ràdh

Chan eil na *Notaichean Taic Aonaid* àithnteil. Tha iad a' solarachadh comhairle agus stiùireadh mu mhodhan liubhairt is measaidh Aonad *Eòlas na h-Alba: Ag Ionnsachadh Mu Alba (SCQF ìre 2)*. Tha iad san amharc do thidsearan is òraidichean. Bu chòir an leughadh ann an co-bhann ri:

Sònrachadh an Aonaid
Sònrachadh na Duaise
Notaichean Taic Duaise
Stuthan taic measaidh

Stiùireadh coitcheann mun Aonad

Ged a tha an fhìor ùine air a riarachadh don Aonad seo fo ùghdarras an ionaid, is e 40 uair a thìde an ùine a thathar a' moladh.

Is e amas an Aonaid seo cead a thoirt do luchd-ionnsachaidh an cuid eòlais mu Alba a leasachadh a thaobh muinntir na h-Alba, a cànanan, comann-sòisealta, cultar, àrainneachd nàdarra no togte no dualchas. Nì iad seo le bhith ag ullachadh airson agus a' crìochnachadh gnìomhachd agus a' conaltradh na tha iad air ionnsachadh.

Ma tha an Aonad seo ga liubhairt mar phàirt de *Duais Eòlais na h-Alba* aig SCQF ìre 2, bidh luchd-ionnsachaidh a cheana ag ionnsachadh – no bidh iad air ionnsachadh – dà dhìofar raon cuspaireil ann an co-theacs Albannach. Mar sin, faodaidh iad an Aonad seo a chleachdadh gus an cuid eòlais air Alba a leasachadh nas motha, le taic, ann an dìofar dhòighean. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh iad taobh de dh'Alba a thaghadh a tha buntainneach do raon cuspaireil a tha iad air a sgrùdadh cheana ann an co-theacs Albannach. Air an làimh eile, dh'fhaodadh iad cuimseachadh air raon cuspaireil **ùr**.

Eadar gu bheil no nach eil an Aonad ga liubhairt mar phàirt den Duais no mar Aonad neo-eisimeileach, feumaidh luchd-ionnsachaidh an cothrom fhaighinn ionnsachadh mu thaobh de dh'Alba anns a bheil ùidh aca.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Bidh luchd-ionnsachaidh a choileanas an t-Aonad seo a' leasachadh sgilean cudromach. Ionnsaichidh iad:

cuspair a thaghadh airson a sgrùdadh agus gnìomhachd prìomh cheumannan a chomharrachadh agus a leantainn na tha iad air ionnsachadh a chomharrachadh agus a chonaltradh

Tha an t-Aonad seo aig SCQF ìre 2. Mar sin, tha e iomchaidh do thidsearan is òraidichean taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh gus an cuideachadh leis na sgilean sin a leasachadh.

Ged a tha na sgilean air a bheil feum aig luchd-ionnsachaidh a thaisbeanadh air an sònrachadh, chan eil eòlas no tuigse àithnteil airson an Aonaid. Tha Ionadan saor gus taobh sam bith de dh'Alba a thaghadh a tha iomchaidh don luchd-ionnsachaidh aca mar gheall air na goireasan a tha rim faotainn agus an co-theacs sa bheil an t-Aonad ga liubhairt. Dh'fhaodadh am fòcas airson an Aonaid a bhith, **mar eisimpleir**:

Albais no Gàidhlig
Iorgan, innleachdan no tionnsgnaidhean de thùs Albannach
coimhearsnachd/coimhearsnachdan sònraichte Albannach
tachartas no leasachadh eachdraidheil

taobh de chultar na h-Alba, mar eisimpleir, biadh, traidiseanan, spòrs, beul-aithris
cùis de chudromachd eachdraidheil agus/no cho-aimsireil
gnìomhachas no malairt
taobh de bheatha ann an Alba dùthchail no bailteil
Albannach buadhmhòr
litreachas Albannach, ealain ghnìomhach no lèirsinneach, no ceàird
àiteachan inntinneach agus/no cudromach ann an Alba
taobh den àrainneachd nàdarra no togte
riochdachadh Alba agus/no Albannaich ann am, mar eisimpleir, film, litreachas,
na meadhanan, ealain is deilbh
fìor-fhiosrachadh agus ficseanan mu dheidhinn Alba

Chan eil an liosta seo iomlan. Tha i a' solarachadh dealbh den raon fharsaing de
chomasan sgrùdaidh airson an Aonaid seo.

Modhan ionnsachaidh is teagaisg

Planadh gnìomhachdan

Bidh modhan ionnsachaidh is teagaisg iomchaidh an urra ris na goireasan agus ris an ealantas a tha ri fhaotainn anns gach ionad. Bidh iad cuideachd an eisimeil eòlasan ro-làimh, neartan agus ùidhean luchd-ionnsachaidh. Ach anns a h-uile ionad, feumaidh na modhan sin cothroman a sholarachadh do luchd-ionnsachaidh gu eòlas a leasachadh mu thaobh air choreigin de dh'Alba agus na sgilean a leasachadh air a bheil feum aca airson an t-Aonad seo a choileanadh. Mar sin, bidh feum aig luchd-ionnsachaidh air tìde a thuilleadh air taic bho an tidsearan agus an òraidichean, gus an cuideachadh a' taghadh taobh iomchaidh de dh'Alba agus gnìomhachd fhreagarrach. Bidh feum aca cuideachd air tìde agus taic gus an cuideachadh a' tuigsinn nàdar nan sgilean a tha riatanach.

Mus tòisich an luchd-ionnsachaidh air an Aonad, bu chòir do thidsearan is òraidichean an cuideachadh gu tuigse air na sgilean agus air an eòlas a dh'fheumas iad a thaisbeanadh airson an t-Aonad a choileanadh. Dh'fhaodadh seo a bhith tro, mar eisimpleir:

Deasbad air a thòiseachadh leis an tidsear no òraidiche le cothroman airson ceasnachadh agus fiosrachadh air ais don neach-ionnsachaidh solar agus deasbad air liosta-sgrùdaidh a dh'fhaodas luchd-ionnsachaidh a chleachdadh an uair sin airson sùil a chumail air an adhartas tron Aonad deasbad buidhne, paidhriche no clas iomlan mu nàdar nan sgilean a dh'fheumas luchd-ionnsachaidh a leasachadh agus an t-adhbhar a tha iad sin cudromach

Dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean measgachadh de mhodhan-obrach a chleachdadh gus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh a' taghadh taobh freagarrach de dh'Alba airson a sgrùdadh le gnìomhachdan iomchaidh, mar eisimpleir:

deasbadaan structaraichte paidhir, buidhne no clas iomlan
deasbad aon-ri-aon le luchd-ionnsachaidh fa leth
mapadh-inntinn no modh freagarrach eile, air a leantainn le fiosrachadh air ais bho chomhaoisean agus tidsear no òraidiche, agus deasbad
ceistean structaraichte air am faod luchd-ionnsachaidh fa leth meòrachadh, air an leantainn le fiosrachadh air ais agus comhairle bhon tidsear no òraidiche

Bidh gnìomhachdan freagarrach an crochadh air na neartan is sgilean a tha aig an luchd-ionnsachaidh. Feumaidh luchd-ionnsachaidh na neartan agus na sgilean sin a chleachdadh gus na dh'ionnsaich iad a chonaltradh.

Tha an clàr a leanas a' toirt seachad eisimpleirean de chuid de thaobhan comasach Alba agus gnìomhachdan. Tha na h-eisimpleirean seo airson adhbharan nochdaidh a-mhàin - tha ionadan air am misneachadh gu roghainnean eadar-dhealaichte a sholarachadh mar a bhios iomchaidh don cho-theacs sa bheil iad a' liubhairt an Aonaid.

<p>Eisimpleir 1: Tha neach-ionnsachaidh A a' faighinn tlachd à obair chruthachail agus ag ionnsachadh facail ùra.</p>
<p>Taobh de dh'Alba: Dualchainntean Albannach agus abairtean. Gnìomhachd: Rannsaich dualchainntean is abairtean Albannach tro àireamh de mheadhanan (m.e. comaigean, tìbh, sgrìobhadh) agus cruthaich striop ghoirid de dhealbhan comaig, leabhar abairtean no costair.</p>
<p>Eisimpleir 2: Tha neach-ionnsachaidh B a' faighinn tlachd à gnìomhachdan stèidhichte air saidheans.</p>
<p>Taobh de dh'Alba: Gus faighinn a-mach mu innleachd Albannach a tha air buaidh a thoirt air ar beatha làitheil. Gnìomhachd: Cruthaich loidhne-tìmh a tha a' nochdadh leasachadh air an telefòn no air an telebhisean agus mar a tha e air ar beatha làitheil atharrachadh.</p>
<p>Eisimpleir 3: Tha neach-ionnsachaidh C a' faighinn tlachd à sgeulachdan, gu h-àraid sgeulachdan diomhaireachd.</p>
<p>Taobh de dh'Alba: Uilebheist Loch Nis Gnìomhachd: Cruthaich taisbeanadh eileagtronaigeach mu Uilebheist Loch Nis le dealbhan agus facail.</p>
<p>Eisimpleir 4: Is toil le neach-ionnsachaidh D spòrs agus a' faighinn tlachd à obair ealain.</p>
<p>Taobh de dh'Alba: Faigh a-mach mu dheidhinn buaidh spòrs ainmeil Albannach. Gnìomhachd: Cruthaich postair mun bhuidhe spòrs ainmeil Albannaich.</p>
<p>Eisimpleir 5: Tha neach-ionnsachaidh E a' faighinn tlachd à còcaireachd. .</p>
<p>Taobh de dh'Alba: Biadh Albannach traidiseanta Gnìomhachd: Cruthaich leabhran le reasabaidhean airson biadh Albannach traidiseanta agus dealbhan.</p>
<p>Eisimpleir 6: Is toil le neach-ionnsachaidh F ceòl agus dannsa.</p>
<p>Taobh de dh'Alba: Dannsa dùthchail Albannach Gnìomhachd: Ullaich airson agus cuir an gnìomh dannsa dùthchail Albannach.</p>

Dh'fhaodadh nach bi feum aig cuid de gnìomhachdan ach air goireasan bunasach leithid, mar eisimpleir, cothrom air coimpiutair agus na stuthan a dh'fheumar airson toradh an rannsachaidh a thaisbeanadh. Dh'fhaodadh gnìomhachdan eile a bhith ag iarraidh, mar eisimpleir, cothrom air stuthan ealain is ceàird, farsaingeachd airson cleachdadh mu choinneamh gnìomhachadh no

uidheamachd sònraichte airson nì a chruthachadh. Mar sin, bidh an àireamh agus an seòrsa ghoireasan a dh'fheumar an eisimeil nan gnìomhachdan a thèid a thaghadh. Bu chòir cunntas a ghabhail den seo nuair a thathar a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh a' taghadh gnìomhachdan freagarrach.

Faodaidh luchd-ionnsachaidh an gnìomhachdan a chrìochnachadh leotha fhèin no mar phàirt de bhuidheann. Bu chòir do thidsearan is òraidichean sùil a chumail air adhartas agus taic is fiosrachadh air ais a thoirt seachad mar a bhios feum air, mar phàirt den phròiseas ionnsachaidh is teagaisg.

Modhan measaidh agus tional fianais

Tìmeachadh agus suidheachaidhean

Bidh measadh ga choileanadh tron Aonad air fad agus bu chòir cothrom a bhith aig luchd-ionnsachaidh air fiosrachadh is goireasan air a bheil feum aca. Faodaidh tidsearan is òraidichean stiùireadh fìor-shoilleir a thoirt do luchd-ionnsachaidh gus an cuideachadh air fuireach cuimsichte air amas an gnìomhachd.

Tional Fianais

Bidh nàdar na fianais a bheirear gu buil airson coileanadh a thaisbeanadh, an eisimeil nan amasan agus nan gnìomhachdan a tha an luchd-ionnsachaidh air a thaghadh. Dh'fhaodadh fianais a bhith:

sgrìobhte, labhairte no clàraichte gu h-eileagtronaigeach
air a ghineadh tro chruthachadh is liubhairt air gnìomhachadh a tha a' faotainn taic bho liosta-sgrùdaidh amhairc measadair
air a ghineadh tro phlanadh is cruthachadh air toradh leithid, mar eisimpleir, obair ealain, obair ceàird no modal
air a ghineadh tro phlanadh is coileanadh gnìomhachd dèanadach leithid tachartas no turas a-mach cuimsichte air Alba
cothlamadh de na tha gu h-àrd.

Bidh e comasach fianais a ghineadh don dà Bhuil ann an dòigh amalaichte. A' togail air na h-eisimpleirean de ghnìomhachdan anns a' chlàr air duilleag 4:

Do neach-ionnsachaidh **A**, sholaraicheadh dealbh ghoirid comaig, leabhar abairtean no postair, le taic bho liosta-sgrùdaidh amhairc measadair agus beachdan, fianais don dà Bhuil.

Do neach-ionnsachaidh **C**, sholaraicheadh taisbeanadh eileagtronaigeach, le taic bho liosta-sgrùdaidh amhairc measadair agus beachdan, fianais don dà Bhuil.

Do neach-ionnsachaidh **F**, sholaraicheadh liosta-sgrùdaidh amhairc measadair le beachdan mun ghnìomhachadh, fianais don dà Bhuil.

Ge 'r bith dè an cruth a bhios air an fhianais, feumaidh ionadan a dhèanamh cinnteach gur h-e obair gach neach-ionnsachaidh fhèin a th' anns an fhianais seo.

Breithneachadh an fhianais

Nuair a thathar a' dèanamh agus a' dearbhadh co-dhùnaidhean measaidh, feumaidh tidsearan is òraidichean cuimhneachadh gu bheil a' chuimse measaidh air an taobh de dh'Alba a tha an neach-ionnsachaidh air a thaghadh agus air sgilean a tha cudromach airson ionnsachadh neo-eismeileach soirbheachail. Feumaidh fianais uile a bhith air a bhreithneachadh an aghaidh Builean, Inbhean Measaidh agus Riatanasan Fianais ann an *Sònrachadh Aonad Eòlas na h-Alba: Ag Ionnsachadh Mu Alba (SCQF ìre 2)*.

Gus an t-Aonad a choileanadh, feumaidh luchd-ionnsachaidh trì nithean a chonaltradh air a' char as lugha mun taobh de dh'Alba a chaidh a thaghadh. Gus seo a dhèanamh, faodaidh iad meadhan conaltraidh sam bith a chleachdadh a tha freagarrach do am feumalachdan.

Co-ionannachd agus in-ghabhail

Tha e aithnichte gu bheil an dleastanasan fhèin aig ionadan fo reachdas co-ionannachd agus iomairtean poileasaidh. Tha an stiùireadh a gheibhear anns na *Notaichean Taic Aonaid* seo air a dhealbh airson suidhe taobh ri taobh nan dleastanasan sin ach sònraichte do liubhairt is measadh an Aonaid.

Bu chòir do mhodhan measaidh cunntas a ghabhail air feumalachdan sònraichte an luchd-ionnsachaidh. Ach, feumaidh ionadan a dhèanamh cinnteach gu bheil èifeachd a' mheasaidh air a ghleidheadh agus gu bheil an comas aig modhan measaidh uile fianais coileanaidh a ghineadh, a' còmhdach Bhuilean Is Inbhean Measaidh uile.

Fiosrachadh rianachdail

Foillsichte: An Dùbhlachd 2014 (dreach 1.0)

Eachdraidh atharrachaidhean ann an Notaichean Taic Aonaid

Mion-fhiosrachadh Aonaid	Dreach	Iomradh air atharrachadh	Ùghdaraichte le	Ceann-latha

Faodaidh an sgrìobhainn seo a mhac-samhlachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan oideachail cho fada agus nach eilear a' dèanamh prothaid air bith bhon mhac-samhlachadh agus gun toirear aithneachadh don tùs, ma thèid a mhac-samhlachadh ann am pàirt. Faodar lethbhric a bharrachd ios-lodadh bho làrach-lìn SQA: www.sqa.org.uk.

Aire: Thathar a' comhairleachadh dhuibh sùil a thoirt air làrach-lìn SQA (www.sqa.org.uk) gus a dhèanamh cinnteach gu bheil sibh a' cleachdadh an dreach as ùire.

© Ùghdarras Theisteanasan na h-Alba 2014